

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais
Nàiseanta
2014

Comharraidhean

X732/75/01

DIMÀIRT, 20 CÈITEAN

11:00 AM — 11:25 AM (approx)

TUESDAY, 20 MAY

11:00 AM — 11:25 AM (approx)

**Gàidhlig
Èisteachd**

Gàidhlig
Listening



* X 7 3 2 7 5 0 1 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharraidhean gu lèir — 20

Cluinnidh tu an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.**

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir, ann an Gàidhlig.

Faodaidh tu notaichean a sgrìobhadh nuair tha thu ag èisteachd, ach san leabhran seo a-mhàin.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainn.

Mus fàg thu rùm nan deuchainnean feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan.

Mur dèan thu seo, dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



1. Càite a bheil stèiseanan nam Bàtaichean Teasairginn rin lorg?

1

2. Dè am feum a tha an t-seirbheis a' dèanamh gach bliadhna?

1

3. Ciamar a tha luchd nam bàtaichean-teasairginn:

(a) coltach ris na poilis/an t-seirbheis smàlaidh?

3

(b) eu-coltach riutha?

1

Comharraidhean uile 4

4. Carson a tha Grace Darling ainmeil?

3



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 2 *

Duilleag a dhà

5. Dèan coimeas eadar na goireasan a tha aca an-diugh agus na bha aca bliadhnaichean air ais.

3

6. (a) Carson a b' fheudar don luchd-teasairginn Seumas a shàbhaladh?

2

- (b) Ciamar a bha Seumas a' faireachdainn an uair sin?

2

Comharraidhean uile 4

7. Ciamar a tha iad a' faighinn airgead gus cumail a' dol?

1

[Tionndaidh gu *duilleag a ceithir* airson ceistan 8



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 3 *

Duilleag a trì

8. Beachdaich air an earrainn gu lèir.

(a) Dè am prìomh amas a bha aig Seumas anns an earrainn seo?

1

(b) A' cleachdadh fianais bhon earrainn, seall dè cho soirbheachail 's a choilean Seumas amas.

2

Comharraidhean uile 3

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 4 *

Duilleag a ceithir

RÙM A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharraidhean	NA
	SGRÌOBH
	AN SEO



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 5 *

Duilleag a coig

RÙM A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharraidhean

NA
SGRÌOBH
AN SEO



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 6 *

Duilleag a sia

[DUILLEAG BHÀN]
NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 7 *

Duilleag a seachd

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 8 *

Duilleag a h-ochd



Teisteanais
Nàiseanta
2014

X732/75/11

DIMÀIRT, 20 CÈITEAN

11:00 AM — 11:25 AM (approx)

TUESDAY, 20 MAY

11:00 AM — 11:25 AM (approx)

Gàidhlig
Earrann Èisteachd
Gàidhlig
Listening Transcript

This paper must not be seen by any candidate.

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.
Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



* X 7 3 2 7 5 1 1 *

Tha Seumas MacLeòid a' bruidhinn mu Bhuidheann Nàiseanta nam Bàtaichean Teasairginn.

An-diugh tha stèiseanan nam bàtaichean teasairginn rin lorg timcheall cladaichean Bhreatainn gu lèir. Tha an luchd-obrach air an gairm a-mach iomadh turas gach bliadhna agus tha iad a' sàbhaladh beatha nam mìltean dhaoine. Tha iad mar charaidean do dhuine sam bith a tha a' dol a-mach gu muir. Coltach ris na poilis agus an luchd-smàlaidh, tha muinntir nam bàtaichean teasairginn a' sàbhaladh dhaoine aig àm sam bith agus ann an aimsir sam bith. Bidh iad tric a' cur am beatha fhèin ann an cunnart. Ach eu-coltach ris a' mhòr chuid de na seirbhisean-èiginn eile, tha an luchd-obrach ag obair gu saor-thoileach.

Tha an t-ainm Grace Darling an-diugh ceangailte ris a' bhuidheann teasairginn agus tha i ainmeil airson aon rud gaisgeil a rinn i o chionn mòran bhliadhnaichean. Bha i a' fuireach ann an taigh-solais air na h-eileanan Farne far taobh sear Shasainn. Aon oidhche ann an stoirm, chaidh bàta air na creagan faisg air a dachaigh. Còmhla ri a h-athair, dh'iomair i còrr 's mìle ann am bàta tro mhuir garbh, cunnartach airson daoine a shàbhaladh bhon t-soitheach agus an toirt air ais chun an taigh-sholais. Cha robh i ach fichead bliadhna 's a dhà a dh'aois.

Cha robh aca anns na làithean sin ach bàtaichean fosgailte gun einnsean. Tha seo gu math diofraichte bho na bàtaichean cumhachdach a th' aca an-diugh le teicneòlas den a h-uile seòrsa annta eadar innealan saideil, sonar agus na goireasan as fheàrr airson luchd-obrach a dhìon.

Tha fios agam fhèin gu pearsanta cho cudromach 's a tha a' bhuidheann teasairginn. Bidh mi tric a' dol a dh'iasgach anns a' bhàta bheag agam agus an latha a bha seo chaidh mi a-mach tràth oir bha agam ri bhith air ais aig an taigh anns an fheasgar. Dh'fhalbh mi, ach leis a' chabhaig a bh' orm, dhìochuimhnich mi peatroil a thoirt leam agus nach do stad an t-einnsean orm 's mi còrr air còig mìle bhon chladach. Gu fortanach thàinig am bàta teasairginn agus chaidh mo shlaodadh air ais chun a' chidhe. 'S mise a bha air mo nàrachadh!

Tha Buidheann nam Bàtaichean Teasairginn air a cumail a' dol le airgead bhon phoball. Chan eil i a' faighinn airgead bhon riaghaltas agus tha an t-seirbheis fhèin pròiseil às an t-suidheachadh sin. 'S mi a bha taingeil gun robh iad ann an latha ud. Bhon latha sin bha fios agam dè dhèanainn le sgillinnean a bharrachd a bhiodh agam.

[CRÌOCH NA H-EARRANN]

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais
Nàiseanta
2014

Comharraidhean

X732/75/02

DIMÀIRT, 20 CÈITEAN

9:00 AM — 10:40 AM

TUESDAY, 20 MAY

9:00 AM — 10:40 AM

**Gàidhlig
Leughadh agus Sgrìobhadh**

Gàidhlig
Reading and Writing



* X 7 3 2 7 5 0 2 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharraidhean gu lèir — 50

ROINN 1 — LEUGHADH — 30 comharradh

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharradh

Sgrìobh do fhreagairt air na duilleagan ullaichte.

Nuair dh'iarrar ort, fosgail do phàipear agus sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir, ann an Gàidhlig, anns an àite a tha air a chomharrachadh.

Cleachd inc gorm no dubh.

Mus fàg thu rùm nan deuchainnean feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo, dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



ROINN 1— LEUGHADH AIRSON SGRÙDADH AGUS MEASADH— 30 comharraidhean

Companaidhean-malairt air-loidhne.

Tha iomadh companaidh is gnìomhachas air feadh an t-saoghail a tha air fortan a dhèanamh gun chàil ach deagh smuain. 'S cinnteach gur e cuid de na companaidhean as ainmeile an-diugh an fheadhainn a bhios a' reic stuthan air-loidhne le *auction* mar a chanas iad.

Anns a' bhliadhna 1995, chaidh a' chiad dhà de na companaidhean-malairt air-loidhne seo a stèidheachadh. An-diugh, tha na mìltean dhiubh rin lorg air an eadar-lìon agus iad uile a' dèanamh fortan dhaibh fhèin. Tha milleanan a' dèanamh am beòshlàint tro na companaidhean seo a-nis: mar luchd-obrach, no air an ceann fhèin le bhith gan cleachdadh gu tric. Abair leasachadh agus soirbheachadh airson companaidhean nach eil fiù's a' cruthachadh càil sònraichte.

Bidh na companaidhean a' dèanamh an airgid le bhith a' cur air dòigh làrach-lìn far an gabh rudan ceannach agus reic. Faodaidh duine sam bith a bhith a' reic air na làraich seo, eadar dhaoine àbhaisteach mar sinn fhìn, gu bùthan sònraichte de gach seòrsa. Feumaidh neach beagan airgid a phàigheadh airson stuth a chur air an làraich aca agus gabhaidh iad beagan eile ma nì thu an gnothach air a reic. Chan eil ann ach sgillinnean, ach ma tha iad a' dèanamh sgillinnean air gach rud a thèid a reic, 's beag an t-iongnadh gu bheil iad a' dèanamh fortan.

Tha e na dhearbhadh air cho fosgailte 's a tha margaidean nan companaidhean seo gun gabh rud sam bith a cheannach orra, eadar aodach is dèideagan, gu càraichean, innealan eileactronaigeach is fiù's taighean! Cluinnidh tu tric ann an còmhradh mu na barganan a fhuair daoine air stuthan a cheannaich iad. Cluinnidh tu cuideachd mu dhaoine a rinn beagan airgid iad fhèin a' reic an seann bhrògan no an aodach a bha ro bheag dhaibh. Nach math gu bheil daoine a' cur luach anns na seann rudan aca seach a bhith dìreach gan caitheamh dhan bhion. Air an làimh eile, tha buidhnean eile a tha a-nis a' fulang air sgàth soirbheachas nan companaidhean-malairt seo. Far an do chleachd bùthan carthannais a bhith a' faighinn buannachd is airgead bho na stuthan air nach eil feum againn tuilleadh, tha daoine a-nis a' reic an t-seann stuth aca fhèin airson beagan airgid. Tha bùthan charthannais a' faighinn nas lugha agus nas lugha de rudan gach bliadhna. Air an adhbhar sin, tha iomadh carthannas air feadh an t-saoghail nach eil a' faighinn a leithid de thaic-airgid airson an obair aca 's a chleachd iad a bhith a' faighinn. Dh'fhaodadh gur e sin an call as motha a tha na companaidhean-malairt air-loidhne seo a' dèanamh.

Tha gu leòr stuthan air na làraich-lìn seo nach eil duine a' ceannach idir airson diofar adhbharan - gu bheil iad ro dhaor, gu bheil cosgaisean postaidh ro àrd no dìreach nach eil duine gan iarraidh. Ach tha rudan eile air an reic nach gabh creidsinn. Reic duine ann an Sasainn aon *cornflake* airson not is fichead sgillinn, saoil dè bhiodh bogsa slàn air faighinn dha? Dh'fheuch cuideigin eile ri taibhs a reic, gus an do chuir an companaidh stad air sin. Tha e coltach gu bheil daoine air feuchainn cuideachd ri dùthchannan a reic, am beatha fhèin, agus an seanmhair! Nach e suidheachadh duilich a th' ann nuair a tha cho beag suim aig daoine orra fhèin agus air an fheadhainn as fhaisg orra gum biodh iad fiù's a' smaoinachadh air an reic? Mar sin, tha a' mhòr-chuid de na companaidhean air riaghailtean fhoillseachadh a thaobh dè tha ceadaichte. Chan eil e ceadaichte rud sam bith mì-laghail a reic, leithid gunnathan, agus gu fortanach chan eil e ceadaichte daoine, no pàirtean den chorp a reic! Coimhead air na làraich-lìn fhèin airson nan riaghailtean is nam molaidhean air fad.



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 2 *

Duilleag a dhà

Cuiridh mi geall nach smaoinich sibh air aon rud ceadaichte nach lorgadh sibh ri reic air na làraich-lìn seo. Ma smaoinicheas sibh air rudeigin, 's dòcha gu bheil còir agaibh a chur air-loidhne sibh fhèin airson fortan a dhèanamh. Saoil dè a' phrìs a gheibheadh tu airson botal làn eadhar ghlan às na Hearadh, botal de dh'uisge à Loch Nis, no cnogan *patter* à Glaschu?

[Tionndaidh an duilleag



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 3 *

Duilleag a trì

Ceistean

1. (a) Innis mun leudachadh a thàinig air companaidhean-malairt air-loidhne. 3

- (b) Carson nach e companaidhean àbhaisteach a th' anna? 1

Comharraidhean uile 4

2. (a) Cò bhios a' cleachdadh chompanaidhean-malairt air-loidhne? 1

- (b) Ciamar a tha na companaidhean seo a' dèanamh an airgid aca? 2

Comharraidhean uile 3

3. (a) Dè an fhianais a th' againn gur e margaid fharsaing a th' aig companaidhean-malairt air-loidhne? 2

- (b) Ciamar a tha fios againn gu bheil daoine gu math eòlach air an obair aca? 2

Comharraidhean uile 4



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 4 *

Duilleag a ceithir

4. (a) Innis nad fhaclan fhèin mun atharrachadh a tha air tighinn air an dòigh anns a bheil daoine a' dèiligeadh ris an t-seann stuth aca?

3

- (b) Dè a' bhuidh a tha air a bhith aig seo air carthannas?

2

Comharraidhean uile 5

5. (a) Carson nach eil cuid de na stuthan a' reic air-loidhne?

2

- (b) Carson, nad bheachd-sa, a tha e doirbh cuid de na stuthan a tha rin reic air-loidhne a chreidsinn?

2

- (c) Ainmich dà rud neònach a tha daoine air feuchainn ri reic air-loidhne.

2

Comharraidhean uile 6

[Tionndaidh an duilleag



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 5 *

Duilleag a coig

6. (a) Saoil carson a dh'fheumadh na companaidhean-malairt riaghailtean a chur air bhonn mu dè ghabhas reic le daoine?

2

- (b) Cò às a gheibh neach barrachd fiosrachaidh mu na riaghailtean?

1

Comharraidhean uile 3

7. (a) Ainmich rud a chaidh ainmeachadh a ghabhadh reic anns a' pharagraf mu dheireadh.

1

- (b) Carson, nad bheachd-sa, a tha e neònach gun reiceadh duine rud mar seo?

2

Comharraidhean uile 3

8. Dè na sgilean a chleachd an t-ùghdar tron earrainn airson aire an leughadair a ghlacadh?

2



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 6 *

Duilleag a sia

ROINN 2 – SGRÌOBHADH – 20 comharradh

Sgrìobh air AON de na roghainnean a leanas

1. Sgrìobh mu chuspair air an do rinn thu rannsachadh am-bliadhna a tha ceangailte ri cultar na Gàidhlig.
Dh'fhaodadh tu togail air na puingeon seo:
Carson a thagh thu an cuspair?
Dè na dòighean a chleachd thu airson an cuspair a rannsachadh?
Dè fhuair thu a-mach?
2. Tha iomadh prògram tarraingeach ri fhaicinn air BBC Alba. Innis mun fhilm no mun phrògram Ghàidhlig a bu mhotha a chòrd riut anns a' bhliadhna a dh'fhalbh. Carson a bha e cho tarraingeach dhut?
3. Tagh pìos bàrdachd a leugh thu am-bliadhna anns an robh cuspair a bha inntinneach dhut. Innis mu na sgilean a chleachd an sgrìobhadair gus aire an leughadair a thoirt chun a' chuspair.
4. Sgrìobh mu dhealbh-chluich a tha thu air a sgrùdadh mar phàirt den chùrsa Ghàidhlig. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair caractar agus plot gus an dealbh-chluich a dhèanamh inntinneach.
5. Sgrìobh mu nobhail no sgeulachd ghoirid anns an do thachair rudeigin a thug buaidh ort. Seall dè thachair agus mar a rinn an sgrìobhadair an stòiridh cho soirbheachail.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 7 *

Duilleag a seachd

RÙM A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharraidhean NA
SGRÌOBH
AN
SEO



* X 7 3 2 7 5 0 2 1 2 *

Duilleag a dhà dheug

RÙM A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Comharraidhean NA
SGRÌOBH
AN
SEO



* X 7 3 2 7 5 0 2 1 3 *

Duilleag a trì deug

[DUILLEAG BHÀN]
NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 2 1 4 *

Duilleag a ceithir deug

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 2 1 5 *

Duilleag a coig deug

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 2 1 6 *

Duilleag a sia deug